# Cuspair 13B
## Duilleag Obrach

Digital content: **speakgaelic.scot**

A1

## 1. **Beòthaichean** | Animals

**Lìon na beàrnan seo**. | Fill in these blanks.

1. Tha ________________ aig Murchadh. [a black cat]
2. A bheil ______________ agad? [sheep plural]
3. Tha mi a' smaoineachadh nach eil ___________ aig Ealasaid. [a small puppy]
4. Nach robh ___________ agaibh nuair a bha thu òg? [chickens]
5. Chunnaic mi _________ a-raoir. [the cows]
6. Bidh ___________ aig Màiri nuair a bhios taigh aice. [two dogs]
7. Am faca tu ____________________? [the squirrel]
8. Bha ____________ ag ithe às an sgudal madainn an-diugh. [the gull]
9. Thuirt e gun robh ___________ aige nuair a bha e anns an sgoil. [rabbit]

## 2. **Òrduighean** | Orders

**Sgrìobh ✏️ na h-òrduighean seo anns a' Ghàidhlig**. | Write these orders in Gaelic.

1. Don't do that! ______________________________
2. Sit down! (to a group) ______________________________
3. Come here! ______________________________
4. Come here! (politely) ______________________________
5. Be quiet! ______________________________
6. Don't listen to me! ______________________________
7. Come in! ______________________________
8. Be careful! (to a group) ______________________________

## 3. **An Tràth Teachdail** | The Future

**Cuir na gnìomhairean dubha seo dhan Tràth Theachdail.** | Write the verbs in bold into the future tense.

**Chaidh** Fionnlagh dhan bhaile mhòr air an deireadh-sheachdain. **Bha** e a' dol dhan gharaids leis a' chàr aige. **Chunnaic** e caraid ann an cafaidh agus **fhuair** iad biadh an sin. 'S e Dòmhnall Murchadh a th' air caraid Fhionnlaigh agus tha Dòmhnall ag obair ann an oifis anns a' bhaile mhòr a-nis. **Chan fhaca** Fionnlagh Mòrag nuair a **bha** e anns a' bhaile fhèin. **Bha** Mòrag ag obair fad an latha. **Chaidh** Fionnlagh agus Dòmhnall gu cèilidh air an oidhche agus **rinn** iad dannsadh! 'S toil leotha dannsadh agus tha iad math air! **Fhuair** Fionnlagh an càr aige air ais an latha an dèidh sin agus **cha d' fhuair** e mòran cadail! **Bha** Fionnlagh agus Dòmhnall Murchadh glè sgìth nuair a **chaidh** iad air ais dhan obair aca Diluain!

_________ Fionnlagh dhan bhaile mhòr air an deireadh-sheachdain. _________ e a' dol dhan gharaids leis a' chàr aige. __________ e caraid ann an cafaidh agus ____________ iad biadh an sin. 'S e Dòmhnall Murchadh a th' air caraid Fhionnlaigh agus tha Dòmhnall ag obair ann an oifis anns a' bhaile mhòr a-nis. _________ Fionnlagh Mòrag nuair a _________ e anns a' bhaile fhèin. _______ Mòrag ag obair fad an latha. ____________ Fionnlagh agus Dòmhnall gu cèilidh air an oidhche agus _____________ iad dannsadh! 'S toil leotha dannsadh agus tha iad math air! ______________ Fionnlagh an càr aige air ais an latha an dèidh sin agus _________________ e mòran cadail! _______ Fionnlagh agus Dòmhnall Murchadh glè sgìth nuair a ________ iad air ais dhan obair aca Diluain!

**Freagair na ceistean a-nis le freagairtean goirid.** | Answer the questions with short answers.

1. **Cuin a bhios Fionnlagh anns a' bhaile mhòr?** ______________________________
2. **Cò chì e ann an cafaidh?** ______________________________
3. **Càit a bheil Dòmhnall Murchadh ag obair?** ______________________________
4. **Càit am bi Fionnlagh a' dannsadh?** ______________________________
5. **Cuin a bhios Fionnlagh agus Dòmhnall glè sgìth?** ______________________________

## 4. **Ceistean san Tràth Theachdail** | Future Questions

**Sgrìobh ✏️ na ceistean airson nam freagairtean seo.** | Write the questions for these answers.

1. ______________________________
   Thèid. Thèid Seòras dhan cholaiste a-màireach.
2. ______________________________
   Chan fhaic. Chan fhaic mi am prògram sin. Bidh mi ag obair aig an àm.
3. ______________________________
   Nì. Nì Eòsaph an dinnear Disathairne.
4. ______________________________
   Chan fhaigh. Chan fhaigh Anna an t-airgead sin an-diugh.
5. ______________________________
   Chì. Chì sinn Mairead Dihaoine.
6. ______________________________
   Cha tèid. Cha tèid na balaich a-mach feasgar.

**Freagair na ceistean seo leis na freagairtean agaibh fhèin.** | Answer these questions with your own answers.

1. Am faic thu prògram sam bith air an telebhisean a-nochd? Dè chì thu?
   ______________________________
2. An dèan thu dinnear a-màireach? Dè nì thu?
   ______________________________
3. Am faigh thu biadh anns na bùithtean an-diugh? Dè gheibh thu?
   ______________________________
4. An tèid thu a dh'àite sam bith air an deireadh-sheachdain? Càit an tèid thu?
   ______________________________
5. Am faic thu caraid a-màireach? Cò chì thu?
   ______________________________

# Cuspair 13B
## Freagairtean

Digital content: **speakgaelic.scot**

A1

## 1 - **Beòthaichean** | Animals

1. Tha <u>cat dubh</u> aig Murchadh.
2. A bheil <u>caoraich</u> agad?
3. Tha mi a' smaoineachadh nach eil <u>cuilean beag</u> aig Ealasaid.
4. Nach robh <u>cearcan</u> agaibh nuair a bha thu òg?
5. Chunnaic mi <u>na bà</u> a-raoir.
6. Bidh <u>dà chù</u> aig Màiri nuair a bhios taigh aice.
7. Am faca tu <u>an fheòrag</u>?
8. Bha <u>an fhaoileag</u> ag ithe às an sgudal madainn an-diugh.
9. Thuirt e gun robh <u>coineanach</u> aige nuair a bha e anns an sgoil.

## 2 - **Òrduighean** | Orders

| | |
|---|---|
| 1. Don't do that! | **Na dèan sin!** |
| 2. Sit down! [to a group] | **Suidhibh!** |
| 3. Come here! | **Trobhad an seo!** |
| 4. Come here! [politely] | **Trobhadaibh an seo!** |
| 5. Be quiet! | **Bi sàmhach!** |
| 6. Don't listen to me! | **Na èist rium!** |
| 7. Come in! | **Thig a-steach!** |
| 8. Be careful! [to a group] | **Bithibh faiceallach!** |

## 3 - An Tràth Teachdail | The Future Tense

**Thèid** Fionnlagh dhan bhaile mhòr air an deireadh-sheachdain. **Bidh** e a' dol dhan gharaids leis a' chàr aige. **Chì** e caraid ann an cafaidh agus **gheibh** iad biadh an sin. 'S e Dòmhnall Murchadh a th' air caraid Fhionnlaigh agus tha Dòmhnall ag obair ann an oifis anns a' bhaile mhòr a-nis. **Chan fhaic** Fionnlagh Mòrag nuair a **bhios** e anns a' bhaile fhèin. **Bidh** Mòrag ag obair fad an latha. **Thèid** Fionnlagh agus Dòmhnall gu cèilidh air an oidhche agus **nì** iad dannsadh! 'S toil leotha dannsadh agus tha iad math air! **Gheibh** Fionnlagh an càr aige air ais an latha an dèidh sin agus **chan fhaigh** e mòran cadail! **Bidh** Fionnlagh agus Dòmhnall Murchadh glè sgìth nuair a **thèid** iad air ais dhan obair aca Diluain!

1. **air an deireadh-sheachdain**
2. **Dòmhnall Murchadh**
3. **ann an oifis anns a' bhaile**
4. **aig cèilidh**
5. **anns an obair aca Diluain**

## 4 - Ceistean san Tràth Theachdail | Future Questions

1. An tèid Seòras dhan cholaiste a-màireach?
2. Am faic thu am prògram sin?
3. An dèan Eòsaph dinnear Disathairne?
4. Am faigh Anna an t-airgead sin an-diugh?
5. Am faic sinn Mairead Dihaoine?
6. An tèid na balaich a-mach feasgar?

**Bidh na h-oileanaich a' sgrìobhadh nam freagairtean aca fhèin an seo.** | Learners write their own answers to this last exercise.

1. **Chì | Chan fhaic**
2. **Nì | Cha dèan**
3. **Gheibh | Chan fhaigh**
4. **Thèid | Cha tèid**
5. **Chì | Chan fhaic**